

'N sin cruaidhichidh Dia
 Do chnaimhean mar iar'n.
 'Is d' fheithean mar iallaibh prais ;
 Is teannaichidh d' fheoil,
 Mar innein nan ord,
 Nach cnamh i le moid an teas.

No 'n ceann thu 'n robh ciall,
 Is eolas air Dia,
 'S gun d' rinn thu a riar sa choir :
 Ged tha thu 'n diu ruisgt',
 Gun aithne' gun iul,
 Gun teanga' gun suil' gun sron.

Gabh misneach san uaigh,
 Oir eiridh tu suas,
 'N uair chluinneas tu fuaim an stuic,
 'S do thruailleachd gu leir,
 Shios faguidh tu 'd dheigh,
 Aig durrage breun an t-sluic.

Deasuidhidh Dia,
 Do mhaise mar ghrian,
 Bhiodh 'g eiridh o sgiath na m' beann,
 Cur fradharc ro gheur,
 'S na suile so fein,
 'S iad dealradh' mar reulta 'd cheann.

Do theanga 's do chail,
 Ni ghleusa gun dail,
 A chantuinn na aros clin
 Le fòsglaidh do chluas,